

Comhairle na Gàidhealtachd

Cuspair Clàir-ghnothaich	4
Àir. Aithisge	G/6/25

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 4 Ògmhios 2025

Tìotal Aithisge: Cunntas às Ùr mu Bhile nan Cànanan Albannach

Aithisg le: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

- 1.1 'S e aithisg ùrachaidh a tha seo mu Bhile nan Cànanan Albannach, a chithear aig www.parliament.scot/bills-and-laws/bills/s6/scottish-languages-bill
- 1.2 Tha an aithisg seo a' toirt fiosrachadh seachad mu obair-deasachaidh a tha Comhairle na Gàidhealtachd a' gabhail os làimh mus tèid Aonta Rìoghail a thoirt dhan Bhile.

2. Molaidhean

- 2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:
- i. Toirt fa-near dhan aithisg; agus
 - ii. AONTACHADH gun leanar air adhart le obair-deasachaidh airson dèanamh cinnteach gun urrainn do Chomhairle na Gàidhealtachd freagradh ris na dleastanasan is na cothroman ùra a tha an lùib Bile nan Cànanan Albannach.

3. Builean

- 3.1 Goireas
- Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt seachad maoinachadh airson taic a thoirt do Ghàidhlig agus Albais. Tha caiteachas Riaghaltas na h-Alba airson Gàidhlig agus Albais air a bhith an ìre mhath seasmhach bho 2010/11 le meudachaidhean airson nam meadhanan, ionnsachadh is leasachadh Gàidhlig san ùine sin. Bha buidseat làithreach 2023/24 airson Gàidhlig agus Albais aig £29 millean ach chaidh seo a mheudachadh gu £35.7 millean airson 2024/25. Tha seo fo rianachd Roinn na Gàidhlig is na h-Albais, pàirt dhen Bhuidheann-stiùiridh airson Ath-leasachadh Foghlaim agus dhen chùram-roinne as fharsainghe airson Foghlaim is Sgilean.
- 'S e prìomh bhuaidh solar a' Bhile gu bheilear ag atharrachadh na thathar a' dèanamh agus gu bheilear a' cur ghoireasan gu feum eile a thaobh oidhirp agus aire. Tha Riaghaltas na h-Alba dhen bheachd nach eil solaran a' cruthachadh chosgaisean a tha gu tur ùr no gu bheil feum air cosg gu tur ùr.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt tuairmse gum bi cosgaisean co-mheasgte mion-atharrachaidhean Ìre 2, a thaobh Gàidhlig agus Albais thairis air 5-bliadhna, aig £7,077,495.

Clàr 1 – Cosgaisean co-mheasgte airson Gàidhlig agus Albais ann an solar a' Bhile (2024/25–2029/30)				
	Rianachd Albannach	Ùghdarrasan Ionadail	Buidhnean, daoine fa leth, no gnothachasan eile	Iomlan
Gàidhlig	£5,685,847	£713,949	£450,259	£6,850,055
Albais	£53,760	£173,680	-	£227,440
Iomlan	£5,739,607	£887,629	£450,259	£7,077,495

Tha fiosrachadh nas mionaidiche ri fhaotainn ann am Meòrachan Ionmhais Bile nan Cànanan Albannach a gheibhear aig: www.parliament.scot/-/media/files/legislation/bills/s6-bills/scottish-languages-bill/introduced/financial-memorandum-accessible.pdf.

Chaidh meòrachan ionmhais leasachail ullachadh às dèidh beachdachadh air Ìre 2 dhen Bhile. Gheibhear seo aig: <https://www.parliament.scot/-/media/files/legislation/bills/s6-bills/scottish-languages-bill/stage-2/supplementary-financial-memorandum-accessible.pdf>

- 3.2 Laghail
Bidh Bile nan Cànanan Albannach a' toirt dhleastanasan reachdail ùra do Chomhairle na Gàidhealtachd.
- 3.3 Cunnart
Chan eil cunnartan sam bith co-cheangailte ris an aithisg ùrachaidh seo.
- 3.4 Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine)
Cha deach cunnartan a chomharrachadh.
- 3.5 Gàidhlig
Tha builean fìor mhath ann a thaobh a bhith a' gleidheadh is a' leasachadh cànan is cultar na Gàidhlig thar nan roinnean corporra, foghlaim is coimhearsnachd.

4. Buaidhean

- 4.1 Ann an Comhairle na Gàidhealtachd, tha poileasaidhean, ro-innleachdan no atharrachaidhean seirbheis uile fo ùmhlachd sgrìonadh amalaichte airson buaidh air Co-ionannachdan, Bochdainn is Còraichean Daonna, Còraichean is Sunnd Chloinne, Atharrachadh Gnàth-shìde, Eileanan is Coimhearsnachdan Dùthchail air Tìr-mòr, agus Dìon Dàta. Far a bheil feumalachd air a h-aithneachadh, thèid measadh buaidh iomlan a ghabhail os làimh.
- 4.2 Tha a bhith a' beachdachadh air buaidhean na phàirt bhunaiteach dhen phròiseas cho-dhùnaidhean agus feumaidh seo fios a chur ris a' phròiseas cho-dhùnaidhean. Nuair a thathar a' tighinn gu co-dhùnadh sam bith, feumaidh Buill aire iomchaidh a thoirt do thoraidhean measaidh sam bith.

- 4.3 'S e aithisg sgrùdaidh agus ùrachaidh a tha seo agus mar sin chan eil feum air measadh buaidh.

5. Cùl-fhiosrachadh: Bile nan Cànanan Albannach a Thathar a' Moladh

- 5.1 Chaidh Bile nan Cànanan Albannach a chur fa chomhair Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023.

Tha am Bile a' toirt inbhe oifigeil do chànanan na Gàidhlig agus na h-Albais ann an Alba agus a' dèanamh atharrachaidhean a thaobh na taic do chànanan na Gàidhlig agus na h-Albais ann an Alba. Tha seo a' gabhail a-steach atharrachaidhean a' buntainn ri foghlam Gàidhlig agus Albais.

Tha trì Pàirtean anns a' Bhile, mar a leanas:

Tha Pàirt 1 Caibideil 1 'Taic airson cànan na Gàidhlig' a' dèanamh solar mu inbhe cànan na Gàidhlig agus dreuchdan Bhòrd na Gàidhlig, a bharrachd air a bhith a' dèanamh solar mu dhreuchdan Mhinistearan na h-Alba agus ùghdarrasan poblach buntainneach a thaobh na Gàidhlig. Tha i a' moladh gun tèid cumhachd a chruthachadh gus sgìrean cruinn-eòlasach ainmeachadh mar 'sgìrean cànan sònraichte' agus cumhachdan a bharrachd a thoirt do Mhinistearan na h-Alba dleastanasan a chur air ùghdarrasan poblach gus brosnachadh, goireasachadh is taic a thoirt dhan Ghàidhlig.

Tha Pàirt 1 Caibideil 2 'Foghlam' a' dèanamh solar gus cumhachd a thoirt do Mhinistearan na h-Alba inbhean a shuidheachadh agus stiùireadh a chur air dòigh do dh'ùghdarrasan poblach a thaobh foghlam Gàidhlig a bharrachd air a bhith ga chur mar riatanas air ùghdarrasan foghlaim taic a chur ri cothrom air Foghlam tron Ghàidhlig. Tha seo a' toirt cothrom eadar-dhealachadh a dhèanamh eadar sgìrean. Thathar a' moladh grunn atharrachaidhean eile a tha co-cheangailte ri Foghlam tron Ghàidhlig, a' còmhdach na leanas:

- còmhdhail sgoile
- sgìrean-sgoile
- co-roinn fiosrachaidh
- tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne
- pròiseas do phàrantan sgoiltean le Gàidhlig a-mhàin iarraidh
- cothrom air foghlam Gàidhlig a leudachadh ann am foghlam adhartach is foghlam àrd-ìre.

Tha Pàirt 2 Caibideil 1 'Taic airson cànan na h-Albais' a' dèanamh solar mu inbhe cànan na h-Albais, a bharrachd air a bhith a' dèanamh solar mu dhreuchdan Mhinistearan na h-Alba agus ùghdarrasan poblach buntainneach a thaobh Albais.

Tha Pàirt 2 Caibideil 2 'Foghlam sgoile' a' dèanamh solar mu dhreuchdan Mhinistearan na h-Alba agus ùghdarrasan foghlaim a thaobh foghlam Albais ann an

sgoiltean. Tha seo a' toirt cothrom eadar-dhealachadh a dhèanamh eadar sgìrean. Tha seo ga chur mar riatanas air Ministearan na h-Alba brosnachadh is taic a thoirt do dh'fhoghlam Albais ann an sgoiltean agus a' leigeil le Ministearan na h-Alba stiùireadh a chur air dòigh agus inbhean a shuidheachadh airson ùghdarrasan foghlaim a' buntainn ri foghlam Albais ann an sgoiltean agus aithisgean adhartais fhaotainn bho ùghdarrasan foghlaim.

Tha Pàirt 3 fon tiotal 'Solaran deireannach' agus a' gabhail a-steach solar airson cumhachdan taice agus airson tòiseachadh.

- 5.2 Air 22 Faoilleach 2024, dh'ainmich Pàrlamaid na h-Alba gairm airson beachdan mionaideach air Bile nan Cànanan Albannach le ceann-latha dùnaidh 8 Màrt 2024.

Cho-òrdanaich Comhairle na Gàidhealtachd freagairt a bha a' toirt thagraidhean còmhla bho bhuill Chomataidh na Gàidhlig agus bho bhuill Chomataidh an Fhoghlaim, a bharrachd air bùth-obrach air an taobh a-staigh do Sgioba na Gàidhlig.

6. Dreuchd Dhùilichte Chomhairle na Gàidhealtachd

- 6.1 Thathar an dùil gun gabh ùghdarrasan ionadail dreuchd nas ro-innleachdail is nas for-ghnìomhaiche ann a bhith a' toirt taic do Ghàidhlig agus Albais. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' co-thaobhadh phlanaichean Gàidhlig ionadail le inbhean nàiseanta agus mion-amasan ro-innleachdail a tha air am mìneachadh le Ministearan na h-Alba.
- 6.2 Tha am Bile a' toirt a-steach dòigh-obrach ro-innleachdail ùr a thaobh FtG, ag amas air dèiligeadh ri beàrnan agus neo-chunbhalachdan ann an solar air feadh na h-Alba.
- 6.3 Bidh cumhachd aig ùghdarrasan ionadail Sgìrean Cànain Sònraichte ainmeachadh, ann an co-bhann le Bòrd na Gàidhlig. Bheir na sgìrean seo cothrom seachad seirbheisean agus iomairtean Gàidhlig a libhrigeadh ann an dòigh nas amasaichte ann an coimhearsnachdan le ceanglaichean làidir cànain, foghlaim no eachdraidheil ris a' Ghàidhlig.
- 6.4 Ged a tha a' Ghàidhlig na prìomh fòcas, tha am Bile cuideachd a' toirt a-steach cheumannan gus taic a thoirt do dh'Albais.

7. Obair-deasachaidh a Thathar a' Gabhail Os Làimh

- 7.2 Cha deach Aonta Rìoghail a bhuileachadh air a' Bhile fhathast ach thathar a' gabhail os làimh obair-deasachaidh airson dèanamh cinnteach gun urrainn do Chomhairle na Gàidhealtachd freagairt gu h-èifeachdach ris na dleastanasan ùra a bhios air an toirt a-steach.

Tha obair gu ruige seo a' gabhail a-steach a bhith:

- ag ath-sgrùdadh nan dleastanasan làithreach ann am [Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29](#);
- ag ath-sgrùdadh dàta cunntais-sluaigh airson sgìrean a chomharrachadh a dh'fhaodadh coinneachadh ris na h-inbhean measaidh airson Sgìrean Cànain Sònraichte;
- ag ath-sgrùdadh dàta a' buntainn ri solar FtG air feadh na Gàidhealtachd;

- a' comharrachadh nan seirbheisean a dh'fhaodadh taic a chur ri bhith a' libhrigeadh nan dleastanasan a' buntainn ris a' Bhile;
- a' sgrùdadh roghainnean airson phròiseasan ainmeachaidh; agus
- a' dèanamh ceangal le Riaghaltas na h-Alba agus ùghdarrasan ionadail eile.

8. Na h-ath cheumannan

- 8.1 Ged a thathar an dùil gun tèid Aonta Rìoghail a bhuileachadh air a' Bhile san Iuchar 2025, chan eil fhios dè an dearbh cheann-latha tòiseachaidh a bhios ann fhathast. Cuiridh tuilleadh stiùir bho Riaghaltas na h-Alba a thaobh nan dleastanasan reachdail bhon Bhile fiosrachadh ri conaltradh a thèid a phlanadh le luchd-ùidhe coimhearsnachd às dèidh do dh'Aonta Rìoghail a bhith air fhaotainn. Bheir an ùine chonaltraidh cothrom dòigh-obrach fhiosraichte a chleachdadh le coimhearsnachdan na Gàidhealtachd. Bidh seo aig cridhe na dòigh-obrach gus na h-ath cheumannan a chomharrachadh.
- 8.2 Cumaidh Comhairle na Gàidhealtachd sùil air adhartas a' buntainn ris a' Bhile agus leanaidh i air adhart a' dèanamh ceangal ri oifigearan Riaghaltas na h-Alba san Aonad Ghàidhlig. Thèid cunntas eile a thoirt do choinneamh Chomataidh na Gàidhlig san àm ri teachd.

Ainmeachadh: Àrd-Oifigear Eadar-amail Foghlam Thràth-bhliadhnaichean agus Bun-sgoile

Ceann-latha: 17 Cèitean 2025

Ùghdar: Eoina Rodgers